# AN COMUNN GÀIDHEALACH

## ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

GEARRAN 2021 / FEBRUARY 2021

# AN COMUNN GÀIDHEALACH

## COINNEAMH BHLIADHNAIL

## AGM

## DIHAOINE 19 MÀRT 2021

## 7.30f air zoom

**Thèid fios a sgaoileadh gu buill a' Chomuinn air post-dealain.**

**Deànaibh cinnteach gu bheil sibh air an seòladh post-d agaibh a chlàradh air siostam a' Chomuinn.**

**Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh fios gu peigi@ancomunn.co.uk**

**Friday 19 March 2021 7.30p.m.**

**All Members of An Comunn Gàidhealach welcome**

**Please ensure you have registered your email address.**

**To update your membership please visit:**

**www.ancomunn.co.uk**

## COINNEAMH BHLIADHNAIL A' CHOMUINN GHÀIDHEALAICH

Thèid Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn Ghàidhealaich a chumail air Dihaoine an 19mh den Mhàirt, aig 7.30f air Zoom.

Tha fàilte chridheil air Buill a' Chomuinn a thighinn còmhla rinn air an oidhche.

Air sgàth agus mar a tha cùisean leis a' Chorona Bhìorais an dràsta, agus leis gu bheil an luchd-obrach againn uile ag obair bhon taigh, chan eil e comasach dhuinn fiosrachadh a chuir a-mach sa' phost. Mar sin, tha fios air a dhol a-mach gu buill a' Chomuinn air post-dealan a-mhàin am bliadhna.

Mur a d' fhuair sibh am post-dealan, agus ma tha sibh nur ball, feuch gun dèan sibh cinnteach gu bheil an seòladh post-dealain agaibh anns an siostam againn - tadhlaibh an seo gus dèanamh cinnteach gu bheil e anns a' chunntas agaibh: **https://enter.ancomunn.co.uk**

Ma tha ceistean sam bith agaibh cuiribh fios gu Peigi Nicllinnein: **peigi@ancomunn.co.uk**

## AN COMUNN GÀIDHEALACH ANNUAL GENERAL MEETING

The Annual General Meeting of An Comunn Gàidhealach will take place on Friday 19th March at 7.30pm on Zoom.

All members of An Comunn Gàidhealach are welcome to attend.

As all our staff are currently working from home due to the Coronavirus pandemic, it is not possible for us to circulate all the information by post. We have therefore circulated all the relevant information and papers to our members by email.

If you have not received the email but are a member of An Comunn Gàidhealach, please ensure that we have your up to date email address in our system. You can check this and update your membership here: **https://enter.ancomunn.co.uk**

Should you have any questions regarding the AGM or your membership please contact Peigi Maclennan: **peigi@ancomunn.co.uk**


AN COMUNN GAIDHEALACH
AR CANAIN 'S AR CEOL
Taigh Cèilidh
le
Caraidean a' Mhòid
Fear an taighe:
John Joe MacNèill
Dihaoine 19 Màrt @ 8.30f
Friday 19 March @ 8.30pm
BÒRD NA GÀIDHLIG
#cleachdi aigantaigh
The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd
The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

# SREATH UR DE CHLASAICHEAN GÀIDHLIG AIR TÒISEACHADH

Tha an dàrna sreath de chlasaichean Gàidhlig a' Chomuinn air òiseachadh, le timcheall air 100 neach a' gabhail pàirt annta. 'S ann bho na Còisirean Gàidhlig a tha a chuid as motha de na h-oileanaich agus bha sinn toilichte an sgeama a leudachadh a-mach gu daoine eile cuideachd anns an t-sreath seo. Taing mhòr do gach neach a tha a' gabhail pàirt, tha sinn an dòchas gun còrd na clasaichean ribh agus gum bidh iad nam brosnachadh dhuibh. Ma ghabh sibh pàirt anns a' chiad sreath cuideachd, tha sinn an dòchas gu bheil piseach a' tighinn air a Ghàidhlig agaibh. Cumaibh oirbh a' bruidhinn na Gàidhlig eadar na clasaichean cuideachd!

Tha na clasaichean seo làn a-nis. Ma tha ùidh agaibh anns na clasaichean cuiribh fios gu Seonag Anderson. Tha sinn an dòchas na clasaichean seo a chumail a' dol thairis air a' bhliadhna.

Tha sinn toilichte gu bheil Marcas Mac an Tuairneir, Joy Dunlop agus Alec 'Bhaltos' Dòmhnallach air ais a' teagasg againn a-rithist.

Thuirt Marcas Mac an Tuairneir, a tha a' teagaisg feadhainn de na clasaichean, "Tha mi gu math toilichte a bhith a' tilleadh gus na h-oileanaich seo a thoirt air adhart ceum eile air slighe na Gàidhlig. Chòrd e rium glan tuilleadh eòlais a chur air luchd nan còisirean."

Thuirt Joy "Abair brosnachadh a bh' ann uidhir fhaicinn aig an robh ùidh anns a' Ghàidhlig aca a leasachadh. Chaidh a' chiad sreath chlasaichean gu math agus cha mhòr nach eil dà uiread clàraichte airson nan clasaichean eile. B' e togail dha-rìribh a bha sin dhomh, gu h-àraidh leis cho èasgaidh, dìcheallach agus laghach agus a bha na h-oileanaich."

Thuirt Alec Dòmhnallach, "Tha corra sheachdain ann a-nis bhon a choinnich clas-oidhche a' Chomuinn; tha mise a' lìbhrigeadh clas dhaibh-san a tha aig ìre gu math adhartach a thaobh a' chànain. Gu dearbha fhèin tha e na thlachd a bhith an lùib buidheann a tha cho siùbhlach agus cho gasta agus a tha, san fharsaingeachd, aig an aon ìre nuair a thig e gu bhith ri lìbhrigeadh labhairt na Gàidhlig. Chan eil ceàrnaidh den dùthaich nach eil air a riochdachadh, le ceanglaichean dlùth gan dèanamh le Ìle, Ratharsaigh, Dun Èideann, Glaschu an t-Òban agus iomadh àit' eile. Thathas an dòchas gun tèid ar coinneachadh bho neart gu neart agus gum bi a' Ghàidhlig ga neartachadh gach triop a bhios sinn còmhla".

'Se Seonag Anderson a tha a' cur na clasaichean seo air dòigh, thuirt ise "Bha sinn toilichte ga rìreamh urrad de dhaoine fhaicinn aig an robh ùidh ann a bhith ag ionnsachadh agus toilichte gun rachadh againn air a leithid a rud a chur air dòigh. Tha iarrtas mòr air clasaichean Gàidhlig agus tha sinn an dòchas gur e rud a tha seo a bheir piseach air a Ghàidhlig agus gu h-àraidh air an luchd-ionnsachaidh anns na còisirean agus daoine a bhitheas a gabhail pàirt aig na Mòdan."

Cha robh e a-rìamh cho furasta tìde a chaitheamh gus cànan ùr ionnsachadh. Siuthad sibh, gabh an cothrom!

Bu mhath leinn taing a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig airson am pròiseact seo a mhaoineachadh.

Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh post-dealain gu **seonag@ancomunn.co.uk** no cuiribh fòn thuice air 01463 709 705.

Donate to An Comunn Gaidhealach

Bòrd na Gàidhlig

#cleachdi aigantaigh

# NEW BLOCK OF GAELIC CLASSES UNDERWAY

The second block of the An Comunn Gàidhealach Gaelic classes are now well underway, with almost 100 individuals taking part. The majority of students are Gaelic Choir members and we are delighted to have individuals from out with the choir community taking part in this block. Thanks to all those who are taking part, we hope you enjoy the classes and that they are beneficial to you. For those of you who are continuing from the previous block, we hope that you are becoming more confident with the use of the language. Be sure to keep practicing in between classes!

The classes are now full. However, should you wish to take part in any future classes, please contact Seonag Anderson. If resources allow, we hope to run the Gaelic classes throughout the year.

Our previous tutors are back once again to deliver the classes, Marcas Mac an Tuairneir, Joy Dunlop and Alec 'Bhaltos' Macdonald.

Marcas Mac an Tuairneir said "I am delighted to be back to help the students learn the Gaelic language. I thoroughly enjoyed getting to know members from the choir community more."

Joy Dunlop shared "It was so encouraging to see the number of students who registered to improve their Gaelic. The first block of classes were a great success and there is almost double the amount of students registered for this block. I found this so encouraging, especially with how enthusiastic, diligent and lovely they all were."

Alec Macdonald commented "There are a number of weeks since the An Comunn classes started, I am teaching those who are advanced in the language. It has been wonderful to be working with such a hard-working and lovely group, with such a high standard when it comes to speaking the language. The students come from all corners of the country, including Ìslay, Raasay, Edinburgh, Glasgow, Oban amongst others. We hope the classes go from strength to strength and that the Gaelic language will be enriched each time we meet."

Seonag Anderson, who has organised the Gaelic classes commented "We were delighted to see the number of people showing an interest in learning and that we were able to offer these classes. There is a huge demand for Gaelic classes and we hope this will encourage people to further their learning of the language, particularly learners of the language, choir members and individuals who may take part at Provincial Mods."

It has never been so easy to take the time to learn a language, so go for it!

We would like to take this opportunity to thank Bòrd na Gàidhlig for funding this project.

For further information please contact **seonag@ancomunn.co.uk** or telephone 01463 709 705.

Donate to An Comunn Gaidhealach

Bòrd na Gàidhlig

#cleachdi aigantaigh

# ÒRAID CHUIMHNEACHAIDH IAIN MHICLEÒID RI FHAOTAINN AIR YOUTUBE

Chaidh Òraid Chuimhneachaidh Iain Mhicleòid a chumail bho chionn ghoirid, air Zoom.

'B ann air "Tìr nan Gàidheal?
A' beachdachadh air òigridh agus na h-eileannan anns an àm ri teachd" a bhruidhinn Pàdruig Moireasdan agus bha oidhche air leth innntinneach againn.

Mur an d' fhuair sibh cothrom a bhith còmhla rinn air an oidhche, tha e ri fhaotainn air seanal YouTube a' Chomuinn:

**Iain Macleod Lecture 2021 Padruig Moireasdan**

The John Macleod Memorial Lecture took place recently via Zoom. If you were unable to join us on the evening itself, you can view the video on our YouTube channel.

We would like to take this opportunity to thank Pàdruig for his Lecture and Oilthigh Dhùn Èideann for their support with this event.

Thanks also to Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba, CalMac Ferries & The Highland Council for their continued support.https:

**Iain Macleod Lecture 2021 Padruig Moireasdan - YouTube**



## TACHARTASAN AIR-LOIDHNE

Tha an glasadh-sluaigh seo air a bhith uamhasach fada, tòrr nas fhaide na bha e air ais sa Mhàirt 2020. Bidh seo an urra ris an aimsir, na h-oidhcheanan fada, tha sinn air fàs cho sgìth dheth a-nis! Tha e air a bhith cho math faicinn uidhir de thachartasan agus iomairtean a' gabhail àite air-loidhne gach seachdain, do dh' òigridh agus do dh' inbhich.

Tha sinn ag ionndrainn a bhith a' cruinneachadh ann an talla gus èisteachd ri seinneadairean, còmhlain, a bhith a' coimhead fiolm agus iomadach seòrsa rud eile. 'S math gu bheil tachartasan a leithid cèilidhean Chomhairle nan Eilean Siar gach oidhche Haoine air a bhith a' gabhail àite air Facebook, cèilidhean Tunes in Da Hoose, Taigh Cèilidh a' Mhòid, measgachadh de sheiseanan ciùil bho Fèisean nan Gàidheal, Mànran, Ionad Phìobaireachd Nàiseanta na h-Alba is eile, ealain, cur-seachadan is còmhradh le Comunn na Gàidhlig, sgeulachdan is òrain bho Leugh is Seinn le Linda, iomairtean a' leithid #LàAbairtNaGàidhilg agus Là Nan Lèintean-t Gàidhlig is mòran eile.

Tha a' chuid as motha de na tachartasan seo air a dhol a-mach air na meadhanan sòisealta agus YouTube agus bidh iad rim faotainn bho seo a-mach airson an coimhead. Tha beartas de ghoireasan againn ri fhaotainn air-loidhne a-nis. Cha robh e a-rìamh cho furasta a dhol am bogadh ann an cànan agus cultar na Gàidhlig.

Feuch gun dèan sibh feum den stòras luachmhor a th' againn!

## ONLINE EVENTS

The last few weeks of lockdown have felt very long, perhaps longer than the first lockdown back in March 2020. This is probably due to the weather, the dark nights and generally being fed up of it! It is however great to see so many events and initiatives taking place online each week, for both children and adults.

We miss gathering in a hall or concert venue to enjoy listening to singers, bands, watching films and what not. Thank goodness for the likes of the Comhairle nan Eilean Siar weekly ceilidhs on a Friday evening which are broadcast via Facebook, the magnificent showcases from Tunes in Da Hoose, our own Taigh Cèilidh a' Mhòid events, the variety of instrumental sessions and tutorials from Fèisean nan Gàidheal, Mànran, the National Piping Centre, amongst many others, arts and crafts and conversation sessions from
Comunn na Gàidhlig, storytelling sessions from Leugh is Seinn le Linda, initiatives such as #SayAGaelicPhraseDay, Wear a Gaelic T-Shirt Day, and so on, the list is endless, we couldn't possibly list them all.

With many of these, as they have been broadcasted via social media and YouTube channels they will be available forevermore for us to watch and enjoy. We have a wealth of material, literally at our fingertips to enjoy over and over again, should we wish. It has never been easier, one could argue, to learn and soak up the richness of our language and culture.

Be sure to make use of these fantastic resources!

#cleachdi aigantaigh

## SEÒLAIDHEAN PUIST-DEALAIN AIRSON BUILL A' CHOMUINN

Leis gur ann air-loidhne a tha sinn a' cur seachad an uidhir den bheatha againn na laithean seo agus nuair a tha sinn ag obair, tha sinn air atharrachadh mar a tha sinn a' dèanamh a h-uile càil gu mòr. Leis gu bheil sinn gu bhith a' cumail Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn Ghàidhealaich air-loidhne air Zoom am bliadhna, 's ann air post-dealain a-mhàin a bhios sinn a sgaoileadh fiosrachadh agus pàipearnan na coinneamh.

Ma tha sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach, bhitheamaid fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta againn ceart anns a chunntas againn. Gheibh sibh a-steach dhan chunntas againn an seo:
**https://enter.ancomunn.co.uk**

Gu sònraichte, dèanaibh cinnteach gu bheil seòladh post-dealain againn dhuibh, gus am bidh sibh a' faighinn fiosrachadh bhuainn. Cuiribh fios gu **peigi@ancomunn.co.uk** airson tuilleadh fiosrachadh agus ma tha sibh airson a bhith an làthair aig a' Choinneamh Bhliadhnail.

## E-MAIL CONTACTS FOR AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERS

With all of us operating our working lives online more than ever before, we are all having to adjust the way we do things. With us moving to hosting the An Comunn Gàidhealach Annual General Meeting online via Zoom this year, we are relying entirely on email and various online facilities as a means of communicating with our members.

If you are a member of An Comunn Gàidhealach, please check your details are correct in your online account here:
**https://enter.ancomunn.co.uk**

Please ensure we have an email address for you, so that you will receive future correspondence from the organisation.

Please contact **peigi@ancomunn.co.uk** for further information if you wish to attend our Annual General Meeting by Zoom link.

## MÒDAN IONADAIL 2021

Ma tha an comataidh agaibh a' sùileachadh air Mòd Ionadail Air-loidhne a chumail am bliadhna, no ma tha fiosrachadh sam bith eile agaibh a thaobh am Mòd agaibh, nach cuir sibh thugainn an fhiosrachadh agus sgaoilidh sinn e dhuibh.

Bu mhath leinn taing a thoirt do na comataidhean agus do gach neach a tha ag obair gu saor-thoileach gus na Mòdan Ionadail a chur air dòigh.

Cuiribh fios gu seonag@ancomunn.co.uk

## 2021 PROVINCIAL MODS

If your committee is looking to hold a Virtual Provincial Mod this year, or if you have any other news regarding your Mod, we'd love to hear from you. Send us any information and we will only be too glad to share it for you.

We would like to take this opportunity to thank the committees and individuals from the Provincial Mods who give their time so generously to stage a Provincial Mod.

Please contact seonag@ancomunn.co.uk with any information.



## PROVINCIAL MODS 2021

## MODAN IONADAIL 2021

Donate to An Comunn Gaidhealach

#cleachdi aigantaigh

## JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.

Donate to An Comunn Gaidhealach

## BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidh ma bhios sibh a' frithealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlaibh air:

**www.ancomunn.co.uk**

**Ballrachd:**
£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

## JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.

Donate to An Comunn Gaidhealach

## AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?
All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

**https://enter.ancomunn.co.uk/**

**Membership**
£15 (adults)
£5 (students)

Caledonian MacBrayne Hebridean & Clyde Ferries
The Scottish Government Riaghaltas na h-Alba
BÒRD NA GÀIDHLIG
The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd
#cleachdi aigantaigh

# BÀRD A' CHOMUINN
## SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire.  Abair faochadh a th'ann dhuinn uile, le cinnt - às dèidh bliadhna anabarrach fada is cruaidh, a tha air ar sàrachadh uile - fàilte a chur air adhbharan dòchais ùir. Thèid prògram na banachdaich an aghaidh Covid-19 a' sìor-shìneadh, is buaidh chruaidh a' ghalair a' lùghdachadh; an eaconamaidh agus an t-sòisealtas ath-fhosgladh; 'beatha àbhaisteach' a' tilleadh, mean air mhean; agus thig an t-earrach, blàths, flùraichean, na h-eòin a' neadachadh….

Tha sinn uile an dòchas gun ceadaich an suitheachadh ùr don a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a dhol air adhart, ann an cruth air choreigin; agus gun tachair fèisean litreachais, ciùil is cultair a rithist, beò is aghaidh-ri-aghaidh - seach a-mhàin gu didseatach agus air astar - ann an ùine nach bi idir fada.

Tha mise an-dràsta ag obair air coimisean bàrdachd ùr tarraingeach, agus a' dèanamh fiughair ri bhith nam bhritheamh airson co-fharpais litreachais no dhà: Farpais Sgrìobhaidh Chaluim Chille airson Comhairle nan Leabhraichean sa Mhàirt; agus Duais Bàrdachd Gàidhlig Baile na h-Ùige san Dàmhair. Bha e na urram dhomh cuireadh fhaighinn gus cur ris na duaisean sin.

Tha fadachd orm cuideachd ris an leabhar bàrdachd agus òran ùr agam, 'An Seachdamh Tonn - The Seventh Wave', fhaicinn ann an clò san aithghearrachd!

Ach san eadar-ama - tha againn uile ri bhith beagan foighidinneach agus faiceallach greiseag fhathast, fhad 's a dh'fheitheas sinn ris a' bhanachdach rathail. Seo dàn ùr leam dhuibh, air a phiobrachadh leis an dùil èasgaidh againn ri àm nas sàbhailte a' dluthachadh - mar chungaidh an aghaidh iomagain neo-thruacanta, a tha air a bhith ro fhada oirrn.

#cleachdi aigantaigh

## Beannachd na Banachdaich
## *Ùrnaigh Àm a' Charghais 2021*

Ar n-anam a tha an cunnart
Gun neartaichear ar n-anail;
Thigeadh ar n-àm ri teachd,
Dèanar fàth ar beatha air an talamh
Is cheadaichear 'n ùine gheallaichte dhuinn.
Tabhair dhuinn ar banachdach tràth
Agus maith dhuinn ar mì-fhoighidinn,
Eadhon a dh'aidicheas sinn feum as motha aig càch.
Agus na leig ann an eu-dòchas sinn,
Ach dìon sinn o bhìoras a' chrùin,
Fhad's a dh'fheitheas sinn uile fhathast.
Oir anns an saidheans ar n-earb,
Is anns ar co-obrachadh 's co-fhaireachdainn.
Tabhair dhuinn dlùths is tlus
As dèidh astar, àmhghar 's oillt.
Is bithear Gràs, Slàinte,
Is Beatha dhuinn uile,
Agus Taing.
Amen.

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean.
Beannachdan cridheil.
Sandaidh

**Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn agam: https://sandynicdhomhnailljones.com/**



# BÀRD A' CHOMUINN
## SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends. It is natural that - after an exceptionally long, hard, draining year - we are all welcoming the growing signs of hope. The vaccination roll-out is progressing; the terrible impact of Covid starting to slow down; the economy and society re-opening; 'normal life' gradually resuming; and Spring is upon us, with warmer weather, fresh green shoots and birds nesting….

Let us all sincerely hope that all this will mean the Mòd can go ahead, in some form; and that literature and music festivals and cultural events will also not be long returning - as face-to-face, fully live events - rather than the digital and distanced substitute.

I am currently working on an exciting new poetry commission and looking forward to judging a couple of literary competitions - the Gaelic Books Council's St Columba 1500 Writing Competition in March, and the Wigtown Gaelic Poetry Prize in October. It is an honour to have been invited to contribute to these awards.

I look forward to seeing my new book of Gaelic poems and songs, 'An Seachdamh Tonn - The Seventh Wave', published in the coming months!

Meanwhile - here's hoping that we can all muster the necessary patience and caution a while longer, while we wait for that welcome vaccination. Here is a new poem of mine, prompted by this sense of eager anticipation of safer times ahead, like a medicinal remedy for the anxiety that has had us too long in its pitiless grip.

#cleachdi aigantaigh

## The Vaccine's Benediction
### *A Lenten Prayer 2021*

Our soul that art in peril
Strengthened be thy breath;
Our future come,
Our purpose on earth be accomplished
And our full allotted span be to us allowed.
Grant us our early vaccination
And forgive us our impatience,
Even as we confess the greater need of others.
And let us not fall into despair,
But deliver us from coronavirus,
For as long as we all must still wait.
For in science we trust,
In our cooperation and human compassion.
Grant us closeness and affection
After distance, torment and anguish
And may we all yet know
Health, Grace, and Life,
And Thanks.
Amen.

Keep safe and well, friends.
Warm wishes.
Sandy

There is more information on my website:
https://sandynicdhomhnailljones.com/



## COTHROM OBRACH

Tha sinn a' sireadh Stiùiriche Foghlaim (làn-ùine).

Ceann-là airson iarrtasan - 5.00f, Diluain 22na den Mhàrt 2021

Thèid agallamhan a chumail air Microsoft Teams air Diciadain 7mh den Giblean 2021.

Barrachd fios is foirm-iarrtais **an seo**.

## VACANCY

Bòrd na Gàidhlig is seeking a Director of Education.

Deadline for applications - 5.00f, Monday 22nd March 2021

Interviews will be held on Microsoft Teams on Wednesday 7th April 2021.

More info and an application form can be found **here**.




Bòrd na Gàidhlig

## COTHROM OBRACH

Tha sinn a' sireadh Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra (làn-ùine).

Ceann-là airson iarrtasan - 5.00f, Diluain 29mh den Mhàrt 2021

Thèid agallamhan a chumail air Microsoft Teams air Dimàirt 13mh den Giblean 2021.

Barrachd fios is foirm-iarrtais **an seo**.

## VACANCY

Bòrd na Gàidhlig is seeking a Head of Finance and Corporate Affairs (full-time)

Deadline for applications - 5pm on Monday 29th March 2021

Interviews will be held on Microsoft Teams on Tuesday 13th April 2021.

More info and an application form can be found **here**.




Bòrd na Gàidhlig

**COTHROM MAOINEACHAIDH**

## Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig 2021/22

Tha sgeama 2021/22 fosgailte gus Diardaoin 22 Giblean.

Chaidh Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) a stèidheachadh airson ùghdarrasan poblach a chuideachadh gus na Planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh agus taic a chur ris a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig. Tha ùghdarrasan poblach cuideachd air taic-airgid fhaighinn tro GLAIF gus pròiseactan a thoirt gu buil mus fhaigh iad fios foirmeil Plana Gàidhlig a sgrìobhadh.

Bidh a' mhaoin seo a' toirt taic do phròiseactan a bhios a' tachairt agus air an tèid crìoch a chur eadar 1 Lùnastal 2021 agus 31 Lùnastal 2022 (faodaidh sibh clàr-ama eadar-dhealaichte a mholadh ge-tà ma bhruidhneas ri oifigearan a' Bhùird ro làimh). Chan eil dùil againn aig an ìre seo gum bi cuairt eile ann de GLAIF airson phròiseactan anns a' bhliadhna ionmhais 2021/22.

Bidh an sgeama a' cumail taic ri pròiseactan a tha ag amas ri aon de na h-amasan a leanas a choileanadh:

- A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is a' togail comasan airson leasachadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, gu h-àraidh am measg dhaoine òga
- A' cur ri inbhe, cunbhalachd is faotainneachd na Gàidhlig tro sheirbheisean coitcheann agus conaltradh an ùghdarrais
- A' neartachadh chomasan Gàidhlig, a' cur ri mothachadh Gàidhlig agus a' cruthachadh barrachd chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach aca
- A' brosnachadh leasachadh agus leudachadh foghlam Gàidhlig (FtG agus FLi) agus ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich
- A' toirt cothroman do dhaoine òga Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach is sgilean-obrach a thogail

'S e **3f Diardaoin 22 Giblean 2021** an ceann-latha airson iarrtasan cur a-steach.

Gheibhear ceangal gu Stiùireadh do Thagraichean agus foirm iarrtais gu h-ìosal.

Ma tha ceistean sam bith agaibh, no ma tha sibh airson seisean air-loidhne a chur air dòigh le oifigearan a' Bhùird gus bruidhinn air iarrtas, nach cuiridh sibh post-dealain gu **glaif@gaidhlig.scot**

# CLÀR #CLEACHDIAIGANTAIGH

Gheibhear ceanglaichean is barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn thachartasan is seiseanan gach seachdain air làrach-lìn Comann nam Pàrant.

Tha liosta de ghoireasan feumail cuideachd ri fhaighinn air an làrach-lìn gus taic a bharrachd a chumail ri pàrantan.

**www.parant.org.uk**

#cleachdi aigantaigh

Links and more information about each week's events and sessions can be found on the Comann nam Pàrant website.

A list of useful resources is also available on the website to provide additional support for parents.

**www.parant.org.uk**

#cleachdi aigantaigh

SEACHDAIN 1 GU 7 MÀRT

| | FO-SGOIL | BUN-SGOIL | ÀRD-SGOIL | INBHICH |
|---|---|---|---|---|
| DIL | 5F LEUGH LE LINDA<br>5.25F BAILE MHUILINN<br>5.50F STÒIRIDH<br>(BBC ALBA) | CABADAICH LE CNAG (P4-7)<br>CARAIDEAN CÒMHRAIDH FNANG<br>FÈIS AIR LOIDHNE: FEADAN<br>FÈIS AIR LOIDHNE: BOGSA<br>5.35F A' BHUTH (BBC ALBA)<br>6.35F SAIDHEANS SPÒRSAIL (BBC ALBA) | CABADAICH LE CNAG (S1-S2)<br>7F SEISEAN SEINN<br>(SÈISTEIL LE RIONA WHYTE) | |
| DIM | 5.40F ABADAS<br>5.50F STÒIRIDH<br>(BBC ALBA) | CABADAICH LE CNAG (P4-7)<br>CARAIDEAN CÒMHRAIDH FNANG<br>FÈIS AIR LOIDHNE: DANNSA CEUM<br>FÈIS AIR LOIDHNE: DRÀMA<br>FÈIS AIR LOIDHNE: MEUR-CHLÀR | CABADAICH LE CNAG (S1-S2)<br>FÈIS AIR LOIDHNE: PUIRT LE FIONA NICASGAILL | 12F FILM LE ARTAIR DONALD<br>(AN LÒCHRAN)<br>12.30F COTHROM CÒMHRAIDH<br>(LEARNERS) UOFG<br>7.30F GAELIC SINGING FOR FUN |
| DIC | 5.55F STÒIRIDH<br>(BBC ALBA) | CABADAICH LE CNAG (P4-7)<br>4.30F SEISEAN SEINN<br>(SÈISTEIL LE RIONA WHYTE)<br>6.30F SAIDHEANS SPÒRSAIL<br>(BBC ALBA) | CABADAICH LE CNAG (S1-S2)<br>5F LIVE STUDY SUPPORT WEBINAR - HIGHER GAELIC | 4F COTHROM CÒMHRAIDH<br>(FLUENT) UOFG<br>SEIMINEAR-RANNSACHAIDH: DR HEATHER SPARLING, OILTHIGH CHEAP BREATANN<br>(SABHAL MÒR OSTAIG)<br>8F CLAS SEINN LE LINDA NICLEÒID |
| DIA | 5.35F ABADAS<br>5.55F STÒIRIDH<br>(BBC ALBA) | CABADAICH LE CNAG (P4-7)<br>CARAIDEAN CÒMHRAIDH FNANG<br>FÈIS AIR LOIDHNE: SEINN<br>FÈIS AIR LOIDHNE: FÌDEAG | CABADAICH LE CNAG (S1-S2)<br>5F LIVE STUDY SUPPORT WEBINAR - HIGHER GÀIDHLIG | 7.30F FARPAIS-CHEIST AN LÒCHRAN<br>7.30F CLAS SEINN LE BRIAN Ó HEADHRA<br>8F CÈILIDH LE COLAISDE A' CHAISTEIL |
| DIH | 5F LEUGH LE LINDA<br>5.55F STÒIRIDH<br>(BBC ALBA) | 2F AILEAG<br>(BBC RADIO NAN GÀIDHEAL)<br>6F AITHNE AIR AINMHIDHEAN<br>6.30F AN RUD AS FHEÀRR LEAM<br>(BBC ALBA) | CAFE BHEAIRTEIS LE JON HEARACH MACDHÒMHNAILL<br>AN TAIGH-CÈILIDH LE SEUMAIDH MACDHÒMHNAILL<br>(FÈISEAN NAN GÀIDHEAL) | PREMIERE: IORRAM<br>(FÈIS FILM GHLASCHU)<br>6F BLASAD GÀIDHLIG<br>(LAIRG & DISTRICT LEARNING CENTRE)<br>9F CÈILIDH BEÒ<br>(COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR) |

#cleachdi aigantaigh

1 - 7TH MARCH

| | EARLY YEARS | PRIMARY | SECONDARY | ADULTS |
|---|---|---|---|---|
| MON | 5F LEUGH LE LINDA<br>5.25F BAILE MHUILINN<br>5.50F STORY<br>(BBC ALBA) | CHAT WITH CNAG (P4-7)<br>FNANG BLETHER BUDDIES<br>FÈIS AIR LOIDHNE: CHANTER<br>FÈIS AIR LOIDHNE: ACCORDION<br>5.35F A' BHUTH (BBC ALBA)<br>6.35F SAIDHEANS SPÒRSAIL (BBC ALBA) | CHAT WITH CNAG (S1-S2)<br>7F GAELIC SINGING SESSION<br>(SÈISTEIL LE RIONA WHYTE) | |
| TUE | 5.40F ABADAS<br>5.50F STORY<br>(BBC ALBA) | CHAT WITH CNAG (P4-7)<br>FNANG BLETHER BUDDIES<br>FÈIS AIR LOIDHNE: STEP DANCING<br>FÈIS AIR LOIDHNE: DRAMA<br>FÈIS AIR LOIDHNE: KEYBOARD | CHAT WITH CNAG (S1-S2)<br>FÈIS AIR LOIDHNE: TUNES WITH FIONA MACASKILL | 12F FILM BY ARTAIR DONALD<br>(AN LÒCHRAN)<br>12.30F A WEE BLETHER<br>(LEARNERS) UOFG<br>7.30F GAELIC SINGING FOR FUN |
| WED | 5.55F STORY<br>(BBC ALBA) | CHAT WITH CNAG (P4-7)<br>4.30F GAELIC SINGING SESSION<br>(SÈISTEIL LE RIONA WHYTE)<br>6.30F SAIDHEANS SPÒRSAIL<br>(BBC ALBA) | CHAT WITH CNAG (S1-S2)<br>5F LIVE STUDY SUPPORT WEBINAR - HIGHER GAELIC | 4F A WEE BLETHER<br>(FLUENT) UOFG<br>RESEARCH SEMINAR: DR HEATHER SPARLING, CAPE BRETON UNIVERSITY<br>(SABHAL MÒR OSTAIG)<br>8F GAELIC SONG CLASS WITH LINDA MACLEOD |
| THU | 5.35F ABADAS<br>5.55F STORY<br>(BBC ALBA) | CHAT WITH CNAG (P4-7)<br>FNANG BLETHER BUDDIES<br>FÈIS AIR LOIDHNE: SINGING<br>FÈIS AIR LOIDHNE: WHISTLE | CHAT WITH CNAG (S1-S2)<br>5F LIVE STUDY SUPPORT WEBINAR - HIGHER GÀIDHLIG | 7.30F AN LÒCHRAN QUIZ<br>7.30F GAELIC SONG CLASS WITH BRIAN Ó HEADHRA<br>8F CÈILIDH WITH LEWS CASTLE COLLEGE |
| FRI | 5F LEUGH LE LINDA<br>5.55F STORY<br>(BBC ALBA) | 2F AILEAG<br>(BBC RADIO NAN GÀIDHEAL)<br>6F AITHNE AIR AINMHIDHEAN<br>6.30F AN RUD AS FHEÀRR LEAM<br>(BBC ALBA) | CAFE BHEAIRTEIS WITH JON HEARACH MACDONALD<br>CÈILIDH WITH JAMIE MACDONALD<br>(FÈISEAN NAN GÀIDHEAL) | PREMIERE: IORRAM<br>(GLASGOW FILM FESTIVAL)<br>6F GAELIC TASTER<br>(LAIRG & DISTRICT LEARNING CENTRE)<br>9F LIVE CÈILIDH<br>(COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR) |

# Clasaichean Seinn - Gaelic Song Classes

UHI, in association with the Gaelic Language Promotion Trust, present a series of four free online Gaelic song classes:

Wednesday 3rd March 20:00 pm - 21:00 pm
with Linda MacLeod

Wednesday 24th March 20:00 pm - 21:00 pm
with Margaret Stewart

Wednesday 28th April 20:00 pm - 21:00 pm
with Kathleen MacInnes

Wednesday 26th May 20:00 pm - 21:00 pm
with Cathy Ann MacPhee

Come and learn a Gaelic song with four of our best loved Gaelic Singers.



Contact: Allan Henderson
Tel. 07887750359
Email: allan.henderson@uhi.ac.uk

FIND YOUR FUTURE HERE

University of the Highlands and Islands
Lews Castle College
Oilthigh na Gàidhealtach agus nan Eilean
Colaisde a' Chaisteil

Email: adminle@uhi.ac.uk, Tel. 01851 770 000

https://www.facebook.com/LewsCastleCollegeUHI



# Gaelic Survey

Òigridh na h-Alba

## Survey: Engaging with Gaelic online

### ÒIGRIDH NA H-ALBA

Tha sinn airson cluinntinn bho daoine òg eadar 11-26 bliadhna a dh' aois, gus faicinn a bheil / ciamar a tha sibh a' faicinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig air-loidhne agus air na meadhanan sòisealta.

Lìon an suirbhidh seo gus innse dhuinn mu mar a chleachdas tu Gàidhlig air-loidhne. Chan fheum Gàidhlig a bhith agaibh airson seo a lìonadh. Chì thu na ceistean an toiseach sa Ghàidhlig, le eadar-theangachaidhean Beurla gu h-ìosal. Faodaidh tu freagairt ann an Gàidhlig no Beurla. Thèid na freagairtean agaibh a chumail gun ainm. Iarraidh sinn fiosrachadh bunaiteach bhuaibh, mar eisimpleir, aois agus Ùghdarras Ionadail, gus ar cuideachadh le bhith a' sgrùdadh nam freagairtean.

Tadhail air an duilleag-laighe Gàidhlig gus fiosrachadh agus cothroman Gàidhlig fhaicinn air an làraich-linn againn.

Às dèidh dhuibh an suirbhidh a chrìochnachadh, gheibh sibh còd airson 150 puing Fochlasan Young Scot. Ma chleachdas sibh an còd sin, gheibh sibh a-steach airson cothrom eàrlas-tiodhlac Amazon no Eàrlas Leabhar Nàiseanta a bhuanachadh cuideachd!

### YOUNG SCOT

Have your say!

We want to hear from all young people aged 11-26 about if/how you see and engage with Scottish Gaelic online and on social media.

You don't have to be a Gaelic speaker and you could win an Amazon Gift Voucher or National Book Token! Follow this link to fill in our Gaelic survey:

**https://survey.alchemer.eu/s3/90276974/db0cfcef766b-Facebook**

The survey closes on Sunday, February 28th - don't miss your chance to have your say!

#cleachdi aigantaigh

# £90K GA CHUR GU PRÒISEACTAN COIMHEARSNACHD AIR FEADH NA H-ALBA

Tha Bòrd na Gàidhlig (BnG) toilichte a ràdh gu bheil iad a' cur £89,520 gu pròiseactan stèidhichte ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba tro sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC).

Chaidh an sgeama TFC a stèidheachadh gus taic a thoirt do bhuidhnean coimhearsnachd gus pròiseactan a chur an gnìomh a bhios a' cur ri prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

Tha 35 pròiseactan gu bhith a' faighinn taic-airgid bho sgeama TFC airson na bliadhna 2021-22.

Am measg nam pròiseactan soirbheachail, tha clasaichean Gàidhlig, taic do bhuidhnean Mòid is Comann nam Pàrant agus pròiseactan sònraichte a chuireas taic don Ghàidhlig. Tha na pròiseactan gan ruith air feadh na dùthcha, a' gabhail a-steach sgìrean leithid Inbhir Chluaidh, Obar Dheathain, Sruighlea agus a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan. Tha buidhnean leithid Fèis Taigh Dhonnchaidh, Urras an Taobh Sear agus Rural Nations Scotland an dùil pròiseactan a ruith le taic bhon sgeama.

Thuirt Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd:"Tha sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd gu mòr a' cur ri amas a' Phlana Nàiseanta gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Tha e a' toirt toileachas mòr dhuinn gu bheil farsaingeachd de sgìrean is phròiseactan air feadh na dùthcha gu bhith a' faighinn taic agus a' toirt fàs air a' Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan."

Tha sinn a' tuigsinn gun tug suidheachadh Covid-19 buaidh air an obair a tha buidhnean a' dèanamh anns na coimhearsnachdan aca fhèin agus tha tòrr aca ag obair air loidhne an-dràsta. Tha sinn an dùil gum bi na dòighean obrach seo a' leantainn air adhart airson greis fhathast agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri tachartasan agus pròiseactan aghaidh ri aghaidh fhaicinn a-rithist tron bhliadhna a tha romhainn."

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a tha ag obair gu math cruaidh anns na coimhearsnachdan aca fhèin gus cleachdadh na Gàidhlig a thoirt air adhart aig an àm dùbhlanach a tha seo agus tha sinn cinnteach gum bi an taic-airgid seo gu math cuideachail ann an sgìrean air feadh na h-Alba."

Bha an sgeama fosgailte airson 9 seachdainean eadar 10 Samhain 2020 agus 14 Faoilleach.

Bòrd na Gàidhlig

# £90K AWARDED TO COMMUNITY PROJECTS ACROSS SCOTLAND

Bòrd na Gàidhlig (BnG) are pleased to announce that they are awarding £89,520 to community based projects in Scotland through their Taic Freumhan Coimhearsnachd (TFC) funding scheme.

The TFC funding scheme was established to help community groups to undertake projects in support of the National Gaelic Language Plan.

35 projects are to be funded by the TFC scheme for the year 2021-22.

The successful projects include Gaelic language classes, Mòd and Comann nam Pàrant groups and projects which aim to support the Gaelic language. The projects are being run across the country, covering areas such as Inverclyde, Aberdeen, Stirling and the Highlands and Islands. Organisations such as Fèis Taigh Dhonnchaidh, the Staffin Trust and Rural Nations Scotland are planning to run projects with support from the funding scheme.

David Boag, Director of Language Planning and Community Development said:"The Taic Freumhan Coimhearsnachd scheme contributes significantly to the National Gaelic Language Plan's aim of increasing the use of Gaelic, by more people, in more situations. We are very pleased to be supporting a wide range of projects and areas which will be increasing the use and learning of Gaelic in communities across the country."

We understand that Covid-19 has had an impact on the work that groups do in their own communities and much of that work is done online just now. We believe that this way of working will have to continue for now, however we look forward to the return of face-to-face events and projects in the coming year."

We would like to send our sincere thanks to everyone who is working hard in their communities to increase the use of Gàidhlig in what is a challenging time and we hope that this funding will be very helpful in areas across Scotland."

The scheme was open for 9 weeks between 10 November 2020 and 15 January 2021.

Bòrd na Gàidhlig

## LÀ ABAIRT NA GÀIDHLIG

Chaidh pròiseact shònraichte a chumail le Hands Up For Trad bho chionn ghoirid gus daoine a bhrosnachdh Gàidhlig a chleachdadh agus a bruidhinn ri chèile.

Chaidh Là Abairt na Gàidhlig no Say A Gaelic Phrase Day 2021 a chomharrachadh air Dihaoine 5mh den Ghearan gus luchd na Gàidhlig a thoirt còmhla agus luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh, le bhith a' sgaoileadh bhideòthan Gàidhlig air-loidhne.

Chaidh eisimpleirean a chruthachadh air an làrach www.sayagaelicphraseday.com ach dh'fhaodadh daoine na h-abairtean aca fhèin a chleachdadh cuideachd. Chlàraich an craoladair Joy Dunlop na h-abairtean gus cuideachadh a thoirt do dhaoine aig nach eil an cànan ach am faodadh iad pàirt a ghabhail san latha.

A-measg na ghabh pàirt ann, bha John MacAoidh bho STV, an sgrìobhadair agus bard, Len Pennie (Miss PunnyPennie), Gabby & Kenny Logan, Fiona Stalker, Laura Maciver, Aileen Clarke, Alistair Heather John Beattie agus Judith Ralston aig BBC Scotland, le bhith a' clàradh bhideò agus ga sgaoileadh sna meadhanan sòisealta leis an taga hais #làbairtnagàidhlig or #sayagaelicphraseday.

Thuirt Simon Thoumire, Hands Up For Trad: "Tha an uiread ann an Alba a chleachdas Gàidhlig gu làitheil gu fileanta, no gun fhios dhaibh, nuair a bhruidhneas iad air ainmean-àite no tachartasan. 'S I pàirt chudromach de dhualchas na h-Alba agus 's ann nas cudromaiche buileach a dh'fhàsas i san àm ri teachd."

Tadhlaibh air **Say A Gaelic Phrase Day – Hands Up for Trad** airson tuilleadh fiosrachadh.




## SAY A GAELIC PHRASE DAY


Hands Up For Trad recently hosted a campaign to encourage more people to speak Gaelic. Say A Gaelic Phrase Day 2021 was held on Friday 5th February to connect with other Gaelic speakers and those who wanted to have their first go at speaking Gaelic, through sharing video messages online.

Organisers created soundbites to listen to pieces recorded by BBC Scotland Presenter Joy Dunlop, plus phonetics to help with pronunciation so anyone could learn how to say a Gaelic phrase.

Scottish media personalities including STV's John MacKay, Poet & Writer Len Pennie (Miss PunnyPennie), Gabby & Kenny Logan, Fiona Stalker, Laura Maciver, Aileen Clarke, Alistair Heather, John Beattie and Judith Ralston from BBC Scotland also took part, taking to social media using the hashtag #làbairtnagàidhlig or #sayagaelicphraseday.

Event founder Simon Thoumire of organisers Hands Up For Trad said: "So many people speak Gaelic, fluently or even without realising it when they refer to places or activities in Scotland, from arts to everyday life it's a vital part of our heritage, and a growing part of our future."

Visit **Say A Gaelic Phrase Day – Hands Up for Trad** for further information.



Pròiseact Ùr Àrd-amasach gus taic a chur ri Ionnsachadh na Gàidhlig

Tha fios mu iomairt ionnsachaidh, ùr, farsaing agus ioma-fhillte air ainmeachadh, a' tabhann mheadhan cho iomlan 's a th' air a bhith ann fad ginealach airson Gàidhlig ionnsachadh.  Thèid SpeakGaelic a chur air bhog anns an t-Sultain 2021 le cùrsa, làrach-lìn sònraichte agus prògramadh air ùrlaran BBC ALBA, a' gabhail a-staigh YouTube BBC ALBA, a' dearbhadh ruigsinneachd eadar-nàiseanta.

Bidh a' bhrannd ùr seo a' tabhann cruth-atharrachadh cho chudromach 's a th' air a bhith ann airson cha mhòr deich air fhichead bliadhna, a thaobh ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig, agus thèid aire luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt a tha nan inbhich a ghlacadh leis.

Ag amas air ìre-cleachdaidh na Gàidhlig àrdachadh, thèid am pròiseact a chur air bhog thairis air ceithir diofar ìrean bho 2021-2023, gach fear dhiubh ag amas air ìre-sgil eadar-dhealaichte a rèir sgèile CEFRL (Common European Framework of Reference for Languages); A1, A2, B1 agus B2.

Bidh SpeakGaelic a' tabhann do luchd-cleachdaidh an roghainn airson clasaichean aghaidh-ri-aghaidh, ionnsachadh fèin-stiùirichte, agus susbaint nam meadhanan tro fharsaingeachd de dh'ùrlaran - no gach fear dhiubh aig an aon àm. Chan eil an leithid de chothrom air a bhith aig daoine Gàidhlig a chleachdadh agus ionnsachadh a-cheana. A bharrachd air fìor luchd-tòiseachaidh, bidh SpeakGaelic ag amas air luchd-labhairt a tha air an cànan a chall, agus luchd-labhairt le cion-mhisneachd an cuid Gàidhlig a chleachdadh le misneachd.

Bidh an iomairt a' cur ri agus a' meudachadh an taghadh fharsaing a tha ri fhaotainn mar-tha do luchd-ionnsachaidh tro thùsan eile, leithid LearnGaelic, cùrsaichean foirmeil a tha stèidhte mar-tha agus an iomairt shoirbheachail a th' anns a' chùrsa Ghàidhlig air Duolingo. Le soirbheachas Duolingo, aig a bheil mu 600,000 luchd-cleachdaidh clàraichte a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig, dùblachadh luchd-cleachdaidh làrach-lìn LearnGaelic, agus fàs ann an ùidh anns a' Ghàidhlig, an dà chuid ann an Alba agus gu h-eadar nàiseanta, bidh SpeakGaelic a' tabhann structar a tha air fhighe ri chèile gu dlùth aig àm air leth cudromach.

Thèid SpeakGaelic a lìbhrigeadh leis a' bhuidheann meadhanan MG ALBA, le Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig air an Eilean Sgitheanach mar a' phrìomh chom-pàirtiche acadaimigeach, agus am BBC mar riochdaire an t-susbaint meadhanan.

Tha SpeakGaelic ga mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba; am prìomh bhuidheann airson a bhith a' brosnachadh leasachadh na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig; am BBC; agus MG ALBA, a tha a' lìbhrigeadh BBC ALBA ann an co-bhanntachd leis a' BhBC; agus thèid a lìbhrigeadh thar trì bliadhna aig cosgais £2.4 millean uile gu lèir.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig **Mu SpeakGaelic - MG ALBA**

A new, wide-ranging, multi-faceted learning brand has been announced, offering the most comprehensive approach to learning Scottish Gaelic in a generation.

SpeakGaelic will launch from September 2021 with a course, a dedicated on-demand learning website and complementary programming across BBC ALBA platforms, including BBC ALBA YouTube, ensuring international availability.

This new brand will offer the most significant transformational change to learning and using Gaelic in almost thirty years and is set to be a focal point for adult learners and speakers.

Aimed at increasing the uptake and usage of Gaelic, the project will launch in four stages across 2021-2023, each directed at a different proficiency on the Common European Framework of Reference for Languages (CEFRL) scale of A1, A2, B1 and B2.

SpeakGaelic will offer users the option of face-to-face classes, self-guided online learning, and media content through a variety of platforms – or all three at the same time. It will never have been easier to learn and use Gaelic. As well as complete beginners, SpeakGaelic will be aimed at enabling lapsed or less confident speakers to use their Gaelic with confidence.

The initiative will complement and extend the range of options already available to learners through other sources, such as LearnGaelic, existing formal courses and the wonderfully successful Scottish Gaelic offering on Duolingo. Duolingo's success, with around 600,000 registered users learning Gaelic, the doubling of LearnGaelic's website users, and a surge in interest in Gaelic both in Scotland and internationally, will allow SpeakGaelic to offer an integrated structure at a crucial time.

SpeakGaelic will be delivered by media organisation MG ALBA, with Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture in Skye as lead academic partner, and the BBC as media content provider.

SpeakGaelic is funded by the Scottish Government; the principal body for promoting Gaelic development, Bòrd na Gàidhlig; the BBC; and MG ALBA, which delivers BBC ALBA in partnership with the BBC. It will be delivered over a three-year period at a cost of £2.4 million in total.

Further information is available at **Mu SpeakGaelic - MG ALBA**

# COVID CHORAL WORKSHOPS

Nuair a chaidh Mòd Nàiseanta Rìoghail 2020 a chur dheth, chaidh bùthan-obrach a stèidheachadh air-loidhne do bhuill nan còisirean Gàidhlig, gus cothrom a thoirt dhaibh a thighinn còmhladh. Bidh iad a' coinneachadh gach dàrna Disathairne air loidhne. Tha eadar 25-30 air a bhith a' frithealadh gu cunbhalach, le feadhainn a bharrachd a bhios a' tilleadh 's a falbh mar a thogras iad.

Bhuannaich iad an duais airson 'Innleachas tro Ghlasadh Covid-19' aig Na Duaisean Gàidhlig ann an 2020.

'S ann air an t-siathamh latha den Mhàirt a bhios an ath sheisean, eadar 11m-12.30f agus cosgaidh e £5. Tha e fosgailte do dhuine sam bith gabhail pàirt agus thèid fàilte chridheil air feadhainn ùr uair sam bith!

Airson tuilleadh fiosrachadh tadhlaibh air https://www.facebook.com/CovidChoral/

Scottish Gaelic Awards
Duaisean Gàidhlig Na h-Alba 2020
Bòrd na Gàidhlig
Daily Record

Innovation During Lockdown Award
WINNER
Covid Choral Workshops

HIE
Highlands and Islands Enterprise
Iomairt na Gaidhealtachd 's nan Eilean

# BÙTHAN-OBRACH CÒISIR

When the 2020 Royal National Mòd was postponed, a new project was launched to give Gaelic choristers an opportunity to meet virtually to learn and/or revisit some of the more common Gaelic choral repertoire. The Covid Choral Workshops take place every second Saturday online. Between 25-30 choristers have been taking part regularly, with several others joining in now and again.

The group won the 'Innovation During Lockdown Award' at the Gaelic Awards in 2020.

The next workshop will take place on the 6th of March, between 11-12.30pm at a cost of £5. Anyone is welcome to join and any new singers are encouraged to take part!

For further information please visit https://www.facebook.com/CovidChoral/



COMHAIRLE NAN LEABHRAICHEAN
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

Tha Aonghas Pàdraig Caimbeul, Sandaidh NicDhòmhnaill Jones agus Iain D. Urchardan gu bhith nam breitheamhan air Farpais Sgrìobhaidh #Colmcille1500!

Duaisean de luach £1500
Ceann-latha: 1 Màrt 2021
Fosgailte gu: Inbhich, clann, luchd-ionnsachaidh, fileantaich

https://gaelicbooks.org/index.php?route=information/information&cat=3&information_id=242

Excited to have Iain D. Urquhart, Angus Peter Campbell and Sandaidh NicDòmhnaill Jones judging our St Columba 1500 Writing Competition!!

Prizes worth £1500
Deadline: 1 March 2021
Open to: adults, children, Gaelic learners and fluent speakers

https://gaelicbooks.org/index.php?route=information/information&cat=3&information_id=242






#cleachdi aigantaigh

# Fèis Air Loidhne



## Am Màrt – An Giblean *March - April*

**Clasaichean ciùil agus dràma sa Ghàidhlig airson clann bun-sgoile agus deugairean**
*Gaelic medium music and drama lessons for Primary School children and teenagers*

**Clasaichean aon phàiste** *One-to-one lessons*
*£80*
**Buidheann** *Group lessons*
**Saor an-asgaidh** *Free*

*Funded places are available for those that need them, please contact fal@feisean.scot for more information.*

## Bun-Sgoil Primary School

| | | |
|---|---|---|
| | **Bogsa-ciùil**<br>Accordion | **Feadan**<br>Chanter<br>Alana MacInnes |
| **Meur-chlàr**<br>Keyboard<br>Richard Smith | **Dannsa-ceum**<br>Step Dancing<br>Sophie Stephenson | **Fidheall**<br>Fiddle<br>Chloë Bryce |
| **Fìdeag**<br>Whistle<br>Seonaidh MacIntyre | **Seinn**<br>Gaelic Singing<br>Deirdre Graham | **Club Dràma**<br>Drama Club<br>Angus MacLeod<br>P6, P7, S1 |

## Àrd-sgoil High School

| | | |
|---|---|---|
| | **Club Dràma**<br>Drama Club<br>Lana Pheutan<br>S2 - S6 | **An Taigh-Cèilidh**<br>The Cèilidh House<br>Jamie MacDonald |




Oifigear Didsiteach (Òigridh agus conaltradh) › Obraichean Gàidhlig

#cleachdi aigantaigh

# FÈIS CHLÀRSACH DHÙN ÈIDEANN

Thèid Fèis Chlàrsach Dhùn Èideann a chumail air-loidhne am bliadhna agus 's e bliadhna shònraichte a bhios ann, leis gu bheil sinn a' comharrachadh an 40mh bliadhna den Fhèis agus an 90mh bliadhna de Chomunn na Clàrsaich.

Thèid Fèis 2021 a chumail eadar Dihaoine 9mh den Ghiblean agus Diluain 12mh den Ghiblean.

Bidh cuirmean, cùrsaichean, bùthan-obrach agus mòran eile a' gabhail àite!

Clàraibh aig **www.harpfestival.co.uk** airson cuairt-litir na Fèise airson tuilleadh fiosrachadh.

Chì sinn ann sibh!



# EDINBURGH INTERNATIONAL HARP FESTIVAL

The Edinburgh International Harp Festival will be held online this year for what will be a double celebration - the 40th festival and the 90th Anniversary of the Clarsach Society.

The 2021 festival will run from Friday 9th April until Monday 12th April.

This year's festival will feature a fantastic selection of concerts, courses held via zoom, workshops, and much, much more!

Sign up to our newsletter at **www.harpfestival.co.uk** so you can be sure to get all our updates.

See you there!

Edinburgh International Harp Festival

- ONLINE FOR 2021 -
9 - 12 April

THE NATIONAL Piping CENTRE
INCORPORATING THE COLLEGE OF PIPING

## NATIONAL PIPING CENTRE

A bheil a' chlann agaibh airson sgil ùr ionnsachadh fhad's a tha iad aig ag obair bhon taigh? 'S dòcha gu bheil ùidh aca ann am pìobaireachd as dèidh dhaibh clàraidhean bho Farpaisean Pìobaireachd na h-Òigridh fhaicinn?

Tha Ionad Phìoba Nàiseanta na h-Alba air cùrsa ùr de chlàraidhean a chur air bhog do luchd-ionnsachaidh bho 8 bliadhna a dh' aois, 'Bytesize Bagpipes.

Ma tha leanabh agaibh a tha 8+ a dh' aois a tha airson ionnsachadh, thoiribh sùil air na clàraidhean #BytesizeBagpipes againn.

Tha an cùrsa seo airson fìor luchd-ionnsachaidh, gus an ionnsaich iad beagan den feadan agus bidh tòrr spòrs ann cuideachd!

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air an làrach-lìn againn. Siuthad sibh, nach tòisich sibh an diugh!

www.thepipingcentre.co.uk

## IONAD PHÌOBAIREACHD NÀISEANTA NA H-ALBA

Have you got children off school looking to learn a new skill? Maybe they were inspired by our Junior Piping Competition videos? The National Piping Centre has launched a brand new course of online videos for complete beginners aged 8+ called Bytesize Bagpipes.

If you have a youngster aged 8+ who wants to learn, then check out our brand new #BytesizeBagpipes videos.

This course is designed for absolute beginners to teach them the very basics of the practice chanter, and there are some fun exercises to go along with it!

Find out more over at our website and get started today!

www.thepipingcentre.co.uk











#cleachdi aigantaigh


ACAIR

**Cuid de na leabhraichean a tha ri fhaighinn aig Acair an-dràsta!**

**Some of Acair's extensive range of books.**





















#cleachdi aigantaigh

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig







**Goireasan Gàidhlig dhuinn uile /**
**Useful Gaelic resources for all**

**www.gaelic.education**

Goireas Taic Litreachas
Faclan Feumail
https://gaelic.education/bun-sgoil#faclan-feumail

Goireas airson taic a thoirt do chlann le leughadh, sgrìobhadh agus litreachadh. Leis an fhaclair shìmplidh seo thèid briathrachas sgoilearan P1-4 a leudachadh agus thèid bun-sgilean a leasachadh nuair a tha iad ag ionnsachadh aig an taigh.

Tha dealbhan tarraingeach a' sealltainn ciall gach facail agus tha liostaichean ann cuideachd le gnìomhairean, facail calg-dhìreach an aghaidh a chèile, dathan, lathaichean agus àireamhan gu 20.




**https://www.facebook.com/storlann/**

## OIFIS INBHIR NIS

**Àrd-oifigear**: *Seumas Greumach*

**Oifigear a' Mhòid**: *Seonag Anderson*

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

## OIFIS STEÒRNABHAIGH

**Rùnaire a' Chomuinn**: *Peigi NicIllinnein*

**Oifigear a' Mhòid**: *Marina NicAoidh* (pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Bòrd na Gàidhlig

Caledonian MacBrayne
Hebridean & Clyde Ferries

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

#cleachdi aigantaigh

Donate to An Comunn Gaidhealach